



6. 2

H.M. 153.

280 ms.











PRACTICAL LESSONS

IN

G A E L I C

FOR THE USE OF ENGLISH-SPEAKING STUDENTS.

*PART I.*

BY

DONALD C. MACPHERSON.

EDINBURGH:

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY.

1879.

A. KING AND CO., PRINTERS, ABERDEEN.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

347



# CONTENTS.

		PAGE
The Alphabet—Vowels—Diphthongs—Triphthongs—Consonants,		1
Sounds of the Vowels, &c., . . . . .		1
Sounds of the Consonants, . . . . .		3
Exercises on the Vowels and Consonants, . . . . .		4
Spelling and Derivation, . . . . .		5
Words variously pronounced, . . . . .		6
The Parts of Speech, . . . . .		6
Arrangement of Words, . . . . .		7
Personal and Possessive Pronouns, . . . . .		7
Nouns and Adjectives, . . . . .		8
Gender, . . . . .		8
Lesson	I. Nouns and Pronouns, . . . . .	9
„	II. The Noun with the Article, . . . . .	10
„	III. The Noun with the Adjective, . . . . .	11
„	IV. To <i>Be</i> and <i>Is</i> , . . . . .	12
„	V. Prepositional Pronouns, . . . . .	14
„	VI. Auxiliaries, Preposition-verbs, &c., . . . . .	15
„	VII. The Relative, . . . . .	16
„	VIII. Interrogatives, . . . . .	18
„	IX. Distributive Pronouns, . . . . .	20
„	X. Numerals, †. . . . .	21
„	XI. Comparison of Adjectives, . . . . .	23
„	XII. Compound Words, I., . . . . .	25
„	XIII. Compound Words, II., . . . . .	26
„	XIV. Partitives, . . . . .	27
„	XV. Proper Names, . . . . .	29
„	XVI. Idioms, . . . . .	31
Tables of Declensions, . . . . .		33, 34
Inflection of Adjectives, . . . . .		37
Contracted and Irregular Adjectives, . . . . .		37
Nouns declined with the Article, . . . . .		39

	PAGE
The Verb, . . . . .	40-44
To <i>Be</i> with Verbal Particles, . . . . .	46
Regular Verb with Verbal Particles, . . . . .	48
<i>Is</i> with Verbal Particles, . . . . .	49
Irregular Verbs conjugated, . . . . .	50
Irregular Verb-nouns, . . . . .	54
Prepositions, . . . . .	56
Prepositional Pronouns, . . . . .	58
Adverbs, . . . . .	59
Conjunctions, . . . . .	59
Interjections, . . . . .	59
Vocabularies, . . . . .	60-67
Phrases—Meeting somebody, . . . . .	13
The Weather, . . . . .	14
Asking one's name, &c., . . . . .	15
The Time, . . . . .	18
Eating, . . . . .	19
Drinking, . . . . .	21
Fishing, . . . . .	23
Shooting, . . . . .	25
Boating, . . . . .	26
Words causing Aspiration, . . . . .	68

# PRACTICAL LESSONS IN GAELIC.

---

---

## THE ALPHABET.

a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u.

## THE VOWELS.

*short*, a, o, u, e, i.

*long*, à, ò, ó, ù, é, è, ì.

The vowels are divided into two classes :—

(i) *Broad*, a, o, u ; (ii) *small*, e, i.

## THE DIPHTHONGS.

ai, ao ; ea, ei, eo, eu ; ia, io, iu ; oi ; ua, ui.

## THE TRIPHTHONGS.

aoi, eòi, iai, iùì, uai.

## THE CONSONANTS.

*Plain*, b, c, d, f, g, h, l, m, n, p, r, s, t.  
*Aspirated*, bh, ch, dh, fh, gh, —, —, mh, —, ph, —, sh, th.  
(*Sound*), v-u, χ, ugh-y, —, ugh-y, —, —, v-u, —, f, —, h, h.

a. *H* is the mark of *aspiration*.

b. *L, n, r,* and *sg, sm, sp, st* have no aspirated form.

## § 1. SOUNDS OF THE VOWELS.

### A.

a...short like *a* in *fat* ; as, Bas, *a palm*, fan, *stay*.

à...long ,, *a* in *far* ; as, Bàs, *death*, nàr, *shameful*.

a...short ,, *u* in *turn* ; as, Lagh, *law*.

a...long ,, *u* in *tüörn* ; as, Ladhran, *hoofs*.

a...short ,, *u* in *fun* ; as, Balla, *a wall*.

## O.

- o...short like *o* in *sod* ; as, Clod, *a sod* ; lon, *an elk*.  
 ò...long ,, *o* in *corn* ; as, Bròg *a shoe* ; lòn, *a meadow*.  
 o...short ,, *o* in *bolt* ; as, Bog, *soft*, tog, *lift*.  
 ó...long ,, *o* in *no* ; as, Mór, *large*, tom, *a hillock*  
 o...short ,, *u* in *turn* ; as, Foghar, *autumn*.  
 o...long ,, *u* in *tũrn* ; as, Roghnaich, *choose*.

## U.

- u...short like *u* in *put* ; as, Lus, *an herb* ; much, *early*.  
 ù...long ,, *o* in *move* ; as, Lùs, *strength* ; mùch, *suffocate*.  
 u...short ,, *u* in *fun* ; as, Gun, *without*, -less.

## E.

- e...short like *e* in *met* ; as, Leth, *half*.  
 è...long ,, *e* in *whère* ; as, Cè, *cream*.  
 é...long ,, *a* in *fate* ; as, Té, *a woman*.  
 e...short ,, *u* in *fun* ; as, Bile, *a brim*.

## I.

- i...short like *i* in *pin* ; as, Sin, *that* ; min, *meal*.  
 ì...long ,, *e* in *me* ; as, Sìn, *stretch* ; mìn, *fine*, *smooth*.  
 i...short ,, *u* in *fun* ; as, Sirìbh, *ask (ye)*.

## § 2. SOUNDS OF THE DIPHTHONGS.

KEY.—făt, fàr, gate, fàte, mět, whère, pin, mē, sőd, còrn, bolt, nó, môve, tũrn, fun, ao = double the quantity of *u* in turn.

- ai...short like *ăi* ; as, airc, *distress* ; caile, *chalk*.  
 ài...long ,, *ài* ; as, àirc, *an ark* ; càin, *tax*.  
 ai...long ,, *aoi* ; as, staidhreach, *of a stair*.  
 ao...long ,, *ao* ; as, aol, *lime* ; aom, *incline*.  
 ea...short ,, *a* ; as, eag, *a hack* ; fead, *a whistle*.  
 ea...short ,, *ě* ; as, leag, *fell* ; nead, *a rest*.  
 èa...long ,, *ê* ; as, fèarr, *better* ; or, like *à* ; as, feàrr.  
 ea...short ,, *ă* ; as, deal, *a leech* ; geal, *white*.  
 éi...long ,, *ăi* ; as, déigh, *a desire* ; céill, *sense*.  
 ei...short ,, *ai* ; as, deigh, *ice* ; ceil, *conceal*.  
 èi...long ,, *ê* ; as, mèilich, *bleating*.  
 eo...short ,, *ěö* ; as, deoch, *a drink*.

eò...long	like	ěò ; as, ceòl, <i>music</i> ; seòl, <i>a sail</i> .
éu...long	„	ā ; as, féum, <i>use</i> ; géum, <i>a low</i> .
ia...long	„	ěā ; as, liad, <i>breadth</i> ; bian, <i>a (fur) skin</i> .
ia...long	„	ěū ; as, liadh, <i>a ladder</i> ; iall, <i>a thong</i> .
io...short	„	i ; as, fiodh, <i>timber</i> .
ìo...long	„	ē ; as, pìos, <i>a piece</i> ; pìob, <i>a pipe</i> .
ìo...long	„	ěū ; as, fìor, <i>true</i> ; fìon, <i>wine</i> .
io...long	„	ēô ; as, Fionn, <i>Fingal</i> ; mionn, <i>an oath</i> .
iu...short	„	iü ; as, an diugh, <i>to-day</i> .
iù...long	„	ēô ; as, an diù, <i>the worst</i> ; diùmb, <i>anger</i> .
oi...short	„	öi ; as, oir, <i>an edge</i> ; coin, <i>dogs</i> .
òì...long	„	òì ; as, òigh, <i>a virgin</i> ; clòimh, <i>down or wool</i> .
oi...short	„	üi ; as, coire, <i>a fault</i> ; doille, <i>blindness</i> .
oi...long	„	aoē ; as, doill, <i>blind men</i> ; toill, <i>deserve</i> .
ua...long	„	ôü ; as, fuar, <i>cold</i> ; or like ôā ; as, uan, <i>a lamb</i> .
ui...short	„	üi, as, tuil, <i>a flood</i> ; buidhe, <i>yellow</i> .
ùì...long	„	ôì ; as, sùil, <i>an eye</i> ; ùine, <i>time</i> .
ui...long	„	uē, as, tuill, <i>holes</i> ; tuinn, <i>waves</i> .

### § 3. SOUNDS OF THE DIPHTHONGS.

aoi...long	like	aoi ; as, saoil, <i>think</i> ; maoin, <i>goods</i> .
eòì...long	„	ěòì ; as, feòil, <i>flesh</i> ; eòin, <i>birds</i> .
iai...long	„	iüi ; as, fiaire, <i>more crooked</i> .
iùì...long	„	iôì ; as, siùil, <i>sails</i> ; triùir, <i>three persons</i> .
uai...long	„	ôüi ; as, uaigh, <i>a grave</i> ; fuaim, <i>noise</i> .

### § 4. SOUNDS OF THE CONSONANTS.

B is sounded like *p* in *rap* ; bh like *v* ; but in the middle of certain words, it sounds like *u* or *w*.

C, before a, o, u, is like *c* in *crow* ; before *e, i*, it is like *c* in *came* ; final, it is like *chc* ; ch is like *ch* in *loch*, and *sich*, as the case may be.

D in union with a, o, u, is nearly like *th* in *this* ; in union with *e, i*, it is almost like *tsh* ; in *chd* it is like *c* in *crow* ; *dh* in union with *e, i*, is like *y* in *yet* ; but in union with a, o, u, it is much broader.

F is like *ff* ; *fh* is silent except in *fhathast, fhéin, fhuair* (*did get*) when it is like *h*.

G is like *ck* in *lock, lick*, as the case may be ; *gh* is like *dh*.

L and ll, in union with *a, o, u*, are much broader than ll in English; *l* in union with *e*, and ll with *i* sound like ll in *million*; *l* in *il* is more liquid than *l* in English.

M is like *m* in English but more *nasal*; *mh* is like *v*; in the middle of certain words it is like *u* or *w* nasal.

N before *a, o, u*, is like *n* in English; after *a, o, u*, it is like *un*; *n* and *nn* in union with *e, i*, is like *n* in *opinion*.

P, *initial* is like *p* in English; *final*, it is like *hp*; *ph* is like *ff*.

R in union with *a, o, u*, is like *r* in *wrought*; in union with *e, i*, it is more liquid than *r* in English; *rt* after *a, o, u*, is like *rst*; after *i* it is like *rsht*.

S is like *ss*; in union with *e* or *i*, it is like *sh*; as also in *sl, sn, st* before *e* or *i*; after *t-*, it is mute; *sh* is like *h*.

T in union with *a, o, u*, is nearly like *t* in *contract*; in union with *e, i*, it is like *tsh*; when final it is like *ht*; it is mute in *thù, thou*; in compounds of *bi*; and in long monosyllables, unless followed by a word beginning with a vowel.

## I.

	a	o		u	e		i		
	à	ò	ó	ù	è	é	ì		
ba	bo	bù	be	bi	ab	ob	ub	eb	ib
ca	co	cù	ce	ci	ac	oc	uc	ec	ic
da	do	du	de	di	ad	od	ud	ed	id
ga	go	gu	ge	gi	ag	og	ug	eg	ig
ha	ho	hu	he	hi	ah	oh	uh	eh	ih
la	lo	lu	le	li	al	ol	ul	el	il
na	no	nu	ne	ni	an	on	un	en	in
pa	po	pu	pe	pi	ap	op	up	ep	ip
ra	ro	ru	re	ri	ar	or	ur	er	ir
sa	so	su	se	si	as	os	us	es	is
ta	to	tu	te	ti	at	ot	ut	et	it

## II.

alb	olb	ulb	elb	ilb	albh	olbh	ulbh	elbh	ilbh
alg	olg	ulg	elg	ilg	algh	olgh	ulgh	elgh	ilgh
alm	olm	ulm	elm	ilm	almh	olmh	ulmh	elmh	ilmh
arb	orb	urb	erb	irb	arbh	orbh	urbh	erbh	irbh
arg	org	urg	erg	irg	argh	orgh	urgh	ergh	irgh
arm	orm	urm	erm	irm	armh	ormh	urmh	ermh	irmh

## III.

pab	bab	tà	dà	car	gar
pas	bas	té	dé	cas	gas
pac	bac	tì	dì	cog	gog
pur	bur	tò	dò	cur	gur
prat	brat	tù	dù	clag	glag
pris	bris	tàn	dàn	cab	gab

## IV.

mag	mac	lorg	lore	lie	aehd
bag	bac	marg	mare	circ	oehd
glag	glac	sog	soc	sic	uchd
calg	calc	mug	muc	mic	bochd

## SPELLING.

RULE. Leathan ri leathan, 'us caol ri caol—  
*a broad to a broad, and a small to a small.*

Or thus—

*i.* When the last vowel of a syllable is *broad*, the first vowel of a syllable postfixed to it is *broad* also; as, Cam, *Crooked*, Caman, *a club*.

*a.* In postfixing a *small* to a broad the correspondent vowel is *a*; as, Fan, *stay*; fanaidh, *will stay*.

*ii.* When the last vowel of a syllable is *small*, the first vowel of a syllable postfixed to it is *small* likewise; as, Cuir, *put*; cuiridh, *will put*.

*a.* In postfixing a broad to a small, the correspondent vowel is *e*; as, Fàidh, *a prophet*, fàidhean, *prophets*.

Th (gh, dh), is inserted between two vowels of different syllables; as, Bi, *be*; bithidh, *will be*.

Words are (*i*) *Simple*, (*ii*) *Derivative*, (*iii*) *Compound*—

I. Nouns (*i*) Fear, *a man*; (*ii*) fearann, *land*; (*iii*) *a.* fear-fuadain, *a straggler*; arm-chrios, *a sword-belt*; *b.* deoch-thungta, *toddy*; ùr-bhlàth, *a blossom*.

*a.* The accent is on the first syllable of simple words, and on the defining term of compounds.

II. Adjectives (*i*) Caomh, *kind*; (*ii*) gaolach, *lovely*; (*iii*) Dubh-cheannach, *blackfaced*.

III. Verbs (*i*) Bog, *steep*; (*ii*) *a.* bàsaich, *die*; *b.* àrdaich, *raise*; (*iii*) *a.* clò-bhuail, *print*; *b.* grad-éirich, *rise quickly*.

The *prefixes* are—

*an, ana, ann, ain, aim, aimh, as, eas, éa, éu, ao, ei, mi, mìo, neo, do, so, ath, aith, bith, cath, sìor, sìr, comh, co, coi, coimh, coin, ion, iom, ioma, iol; in, ion; ban, bana, bann, bain, bean, fear, luchd, mac, nic, gille, maol, cill, féill.*

The *suffixes* are—

*i.* of nouns denoting

(a.) Agents—*-ear, -air, -ire, -ein, -idh, -eid, -aid, -e, iche, oir.*

(b.) Diminutives—*-an, -ean, -ein, -ag, -idh.*

(c.) Abstract ideas—*-achd, -ad, -cad, -as, -eas, -eis, -adh.*

(d.) Collective—*-ridh.*

*ii.* Adjectives—

*-ach, -ail, -eil, -eann -ionn, -inn, -da, -idh, -mhor, -or, -ar, -rra.*

*iii.* Verbs—

*a.*—*-ich, -ir, -aidh, -il, -inn.*

*b.*—Inflective—*-am, -amaid, -ibh, -adh, -idh, -inn, -adh, -tar, -ta, -te.*

### WORDS VARIOUSLY PRONOUNCED.

*S = South; N = North.*

<i>S</i>	<i>N</i>	<i>S</i>	<i>N</i>	<i>S</i>	<i>N</i>
bénc	biac	èalaidh	ialaidh	meud	miad
beul	bial	èun	ian	meug	meóg
bleun	blian	feuch	fiach	meur	miar
brèagha	briagha	feur	fiar	neul	nial
breug	briag	feusag	fiasag	reub	riab
ceud	ciad	freumh	friamh	sgeub	sgiab
cèus	cias	géadh	giadh	sgeul	sgial
ceut-	ciat-	geug	giäg	sglèap	sgliap
cèath	ciath	greusaiche	griasaiche	sgleut	sgliat
cnèit	cniat	lèan-	lian-	sgreuch	sgriach
crèadh	criadh	leann	liunn	se	sia
dean	dian	leud	liad	seun	sian
deubh-	diabh-	leus	lias	sleuchd	sliachd
deuchainn	diachainn	meadhon	miodhain	smeur	smiar
deug	diag	mèanan	mianan	tearainn	tiarainn
deur	diar	mèas	mias	tearmann	tiarmann
dreuchd	driachd	mèath	miath	trean-ri-trean	trian-ri-trian

### THE PARTS OF SPEECH.

1. Noun—common—proper—abstract—collective.

2. Adjective—attributive—the definite article—the demonstrative—the indefinite.



3. Pronoun—personal—possessive—interrogative—prepositional.

4. Verbs—principal—auxiliary—are active—(middle)—passive.

5. Adverbs

6. Conjunctions

7. Prepositions

8. Interjections

} simple—compound.

#### ARRANGEMENT OF WORDS.

1. The verb.

2. The subject = personal pronoun, or noun (with attribute).

3. The object = personal pronoun, or noun (with attribute).

4. The adverb.

#### PERSONAL AND POSSESSIVE PRONOUNS.

<i>Personal Pronouns.</i>	<i>Emphatic form.</i>	<i>with self.</i>	<i>Possessives.</i>
mi, <i>I, me</i>	mise	mi-fhein	mo contracted m', <i>my</i>
tu, <i>thou, thee</i>	thusa	thu-fhéin	do ,, d' <i>thy</i>
e, <i>he, him, it</i>	esan	e-fhéin	a ,, ' <i>his</i>
i, <i>she, her, it</i>	ise	i-fhéin	a ,, ' <i>her</i>
sinn, <i>we, us,</i>	sinne	sinn-fhein	ar ,, 'r <i>our,</i>
sibh, <i>you</i>	sibhse	sibh-fhéin	ur ,, 'r, <i>your</i>
iad, <i>they, them</i>	iadsan	iad-fhéin	an, am ,, 'n, 'm, <i>their</i>

1. *Tu* is applied to the Deity, and to an inferior or equal; *sibh* to a superior.

2. *E* refers to a noun masculine, to a phrase, or clause; *i* to a noun feminine.

3. *Sinn* refers to the first person with the second or third or both; *sibh* to the second and third.

4. *Iad* refers to two or more nouns, or to a collective noun.

5. The Possessive—The contracted form is used after a preposition ending in a vowel; as, *Le m' choire fhein, through my own fault.*

6. When the noun begins with a vowel or *f pure*, *o* of *mo* and *do*, is elided; an apostrophe is used for *a*, his; *a*, her, takes *h*; and *ar*, *ur*, take *n*; thus—

m' uan, *my lamb*

d' uan, *your lamb*

'uan, *his lamb*

a h-uan, *her lamb*

ar n-nan, *our lamb*

ur n-nan, *your lamb*

an uan, *their lamb*

am bàta, *their boat*

So—m'fhalt, *my hair*; d'fhalt, *your hair*; 'fhalt, *his hair*.

7. The possessive is rendered emphatic by postfixing *-sa*, *-se*, *-san*, *-ne*, to the noun (or to the adjective following); thus—

Mo chù-sa, <i>my dog</i>	ar cù-ne, <i>our dog</i>
do chù-sa, <i>thy dog</i>	ur cù-se, <i>your dog</i>
a chù-san, <i>his dog</i>	an cù-san, <i>their dog</i>
a cù-se, <i>her dog</i>	am bàta-san, <i>their boat</i>

So—mo chù dubh-sa, *my black dog*; an coin bhàna-san, *their white dogs*.

### NOUNS AND ADJECTIVES.

1. Nouns and adjectives have Gender, Number, and Case.
2. Gender—Masculine and Feminine.
3. Number—Singular and Plural.
4. Case—Nominative, Genitive, Dative, Vocative.

#### GENDER.—1. *Sex*.

1. Names applied to males are masculine, and those applied to females are feminine; as, Fear, *a man*; bean, *a woman*.

2. Difference of sex is denoted by—

i. Different words; as, Athair, *father*; màthair, *mother*.

ii. Sexual prefix, or other term; as—

a. Aireach, *m. a cow-tender*; banarach, *f. a dairymaid*.

b. Smeòrach, *f. mavis*; coileach-smeòraich *m.*

c. Maigheach, *f. a hare*; boc-maighich, *m.*

d. Uan-firionn, *m. a tup-lamb*; nan-boirionn, *a ewe-lamb*.

iii. Terminational inflection—*aire* into *áid*; as, Glagaire, *m. a blusterer*; glagaid, *a female blusterer*.

#### SEX DENOTED BY DIFFERENT WORDS.

Athair, <i>father</i> ,	màthair	fear, <i>man</i> ,	{ té
amadan, <i>fool</i> ,	oinseach		{ bean
balach, <i>clown</i> ,	eaille	fleasgach, <i>bachelor</i> ,	maighdeann
bioraiche, <i>colt</i> ,	loth	Gille, mac, <i>son</i> ,	nighean
bodach, <i>an old man</i> ,	eailleach	goistidh, <i>godfather</i> ,	muime
bràthair, <i>brother</i> ,	piuthar	mac- mac-	nie-
coileach, <i>cock</i> ,	ceare	oide, <i>step-father</i> ,	muime
cù, <i>dog</i> ,	gala	reithe, <i>ram</i> ,	caora
damh, <i>ox, stag</i> ,	{ atharla	sgalag, <i>f. man-servant</i> ,	searbhanta
	{ agh		
dràchd, <i>drake</i> ,	{ tunnag	tarbh, <i>bull</i> ,	{ bó
	{ lach		{ mart
duine, <i>man</i> ,	bean	tore,	} boar, muc
each, <i>horse</i> ,	làir	cullach,	

## II. INANIMATE OBJECTS.

*Masculine.*

1. Nouns whose last vowel is *broad*, are commonly masculine ; as, Còrn, *m. a cup*.

*Feminine.*

2. Nouns whose last vowel is *i*, are commonly feminine ; as, Cìr, *f. a comb*.

3. Diminutives in *-ag* ; abstract nouns in *-e*, *-ad*, *-id* ; and derivatives in, *-achd*, are feminine ; as, Gile, *f. whiteness*.

## LESSON I.

[Pronouns—personal and possessive, p. 7 ; verb—principal parts—indicative, p. 40.]

1. The adjective masculine is plain, and the adjective feminine aspirated ; as, Uan bàn, *a white lamb* ; caora dhubh, *a black sheep*.

2. An adjective referring to two or more nouns agrees with the nearer ; as, Fear agus bean *ghlic*, *a wise man and wife* ; bean agus fear *glic*.

3. An adjective predicating of its noun is in the nominative singular masculine ; as, Tha'n latha blàth, *the day is warm*.

4. *Mo*, *do*, *a* (*his*), aspirate the words to which they are prefixed ; as, Mo chù, *my dog*.

## 1

M'athair agus mo mhàthair. Do mhac agus a nighean. A phiuthar agus a bhràthair. A cù agus a h-each. Ar n-eachne, 's ur n-each-se, agus an each-san. Each glas agus làir bhàn. Làir agus each bàn. Tha m'each-sa dubh, agus a h-each-se glas. Tha thu-fhéin sgèith, agus tha d'each leisg. Fear leisg agus each sgèith. Tha mo làmh dheas goirt, agus mo chas chli brùite. Tha mo chù bàn-sa luath, agus do chù glas-sa mall. Fiadh luath agus cù mall.

## 2

My mother and my father are old. Your daughter is young, and your son is little. *His* brother, and *her* sister, are good. *Our* horse is black, and *yours* is white. *His* grey horse, and *her* black mare. *I* and my horse are tired. My left hand is bruised. A bruised left foot, and a sore right hand. *My* hair is grey, *yours* is fair, and *theirs* is red. You yourself are lazy, and your black horse is slow. *My* wife and *his* wife are good.

## LESSON II.

[Simple prepositions, p. 56 ; irregular verb—principal parts, p. 41 ; article, p. 39.]

## THE ARTICLE.

There is no indefinite article in Gaelic.

Am, an, na, *the*.

Singular.			Plural.	
	<i>mas.</i>	<i>fem.</i>	<i>mas. and fem.</i>	
N.	am, an, <i>the</i>	a', an, <i>the</i>	N.	na, na h- <i>the</i>
G.	a', an, <i>of the</i>	na, <i>of the</i>	G.	nam, nan, <i>of the</i>
D.	a', an, } <i>the</i> 'n, an, }	a', an, } <i>the</i> 'n, an, }	D.	na, na h-, <i>the</i>

## THE NOUN WITH THE ARTICLE.

*Masculine.*

*sing.*                      *plur.*

Am bàrd, *the poet.*

N.	am bàrd	na bàird
G.	a' bhàird	nam bàrd
D.	{ a' bhàird 'n bhàird }	na bàird, <i>or,</i> na bàrdaibh

*Feminine.*

*sing.*                      *plur.*

A' phoit, *the pot.*

N.	a' phoit	na poitean
G.	na poite	nam poitean
D.	{ a' phoit 'n phoit }	na poitean <i>or,</i> na poitibh.

1. A noun followed by the *Demonstratives*—*so*, *this*, *these*; *sin*, *that*, *those*; *sìd*, *ud*, *yon*, *yonder*; or preceded by *aig*, takes the article; as, A' chuach *so*, *this cup*; an cù aig Séumas, *James' dog*; an cù agamsa, *my dog*.

*a. So, sin, sìd*, preceding the noun are used as adverbs; as, So an tigh, *this is the house*.

2. The article is not used with a noun definite; as, Bian a' bhrùic, *the badger's skin*.

3. *To have* is expressed by *bi* with *aig*; as, Tha tigh agam, *I have a house*. See Prepositional pronouns.

## 3

Bha mi latha 's a' bheinn ghuirn so 'sealg. Fhuair mi lorg an fhéidh 's a' chàthar ud thall 'am bun na creige glaise fo bhlàs na gréine. Lean mi an lorg, agus chunnaic mi'n damh mór ud, 's an eilid ri 'thaobh. Chum mi an isneach so

ris fo'n t-sùil dheis le rogha cuimse. Cha do dhiùlt i 'n t-srad, agus thuit mac na h-éilde. Leig mi 'n cù bàn ris an eilid, 'us rinn e'n t-éuchd. Tha each agamsa, agus cairt aige-san. Tha'n t-each dubh 's an làir bhàn aca-san; ach tha sinne gun each idir againn.

## 4

This is the loch, but yonder is the sea. The cat killed the mouse and fled. Run and catch that little kid. Leave this bush, but cut that tree. He wounded the hind and killed the stag. This is the deer-skin. The lad broke the oar out on the loch. The day was cold but the house was warm. Coals are cheap but meal is dear. Fish is not dear, and bread and cheese are cheap. Warm yourself, the day is cold. This is the track of the little kid. I have a new cart, and she has a good horse. Our horse is brown. They have a house and a garden; but we have neither house nor garden.

## LESSON III.

[Read carefully observations on declensions, p. 35; verb regular—subjunctive mood, p. 40.]

## THE NOUN WITH THE ADJECTIVE.

<i>Masculine.</i>		<i>Feminine.</i>	
<i>Singular.</i>	<i>Plural.</i>	<i>Singular.</i>	<i>Plural.</i>
	Cat glas, <i>a grey cat.</i>		Cearc bhreac, <i>a speckled hen.</i>
<i>N.</i>	Cat glas, Cait ghlasa	<i>N.</i>	Cearc bhreac, Cearcan breaca,
<i>G.</i>	Cait ghlais, Chat glasa,	<i>G.</i>	Circe brice, Chearc breaca,
<i>D.</i>	Cat glas, Cait ghlasa,	<i>D.</i>	Cire bhrice, Cearcan breaca,
<i>V.</i>	Chait ghlais! Chata glasa!	<i>V.</i>	Chearc bhreac! Cearcan breaca!

1. Simple common nouns, without the article, are plain in the genitive; as, Ceann tuirc, *a boar's head*; nead circe, *a hen's nest*.

*a.* An adjective in *d-* is sometimes plain after *-l*, *-n*, *-d*, *-t*; as, An sgoil-dubh, *the black art*.

*b.* An adjective preceded by *gu* is used as an adverb of Manner; as, Math, *good*; gu math = *well*.

2. *Mi*, *sinn*, *sibh*, are not repeated after the personal terminations *-am*, *-inn*, *-amaid*, *-ibh*; as, Togam so (not togam *mi*), let me lift this; buailibh e, *strike (ye) him*.

## 5

Reic e bian bruic agus boicionn goibhre. Fhuair mi ubh na circe duinne. A chearc dhonn, fhuair mi do nead. A chait bhig, dh'òladh tu mo bhainne. Tha bainn' agamsa mi-fhein. Chreachainn-sa nead an eoin duibh. Dheanadh tu sin gu h-olc. Mharbhainn fiadh agus bheirinn dachaidh e. Dheanadh tu sin gu math. Bha am fear ud 's an sgoil-duibh. 'S i nighean mo ghaoil an nighean donn òg.

## 6

The goat-skin and the deer-skin are sold. He sold them yesterday; but he would take them himself to-day. I found a black hen's nest last night in the grass. O, white cat, you spilt my milk. I would kill a fox, and then come home. You would do that well. There is (some) water in those small cups. O, white horse, here is some oats and meal. I would write a letter. He would write a letter also.

Sunday, *Didònaich*.

Monday, *Diluain*,

Tuesday, *Dinairt*,

Wednesday, *Diciadaoin*

Thursday, *Diardaoin*,

Friday, *Dihaoine*,

Saturday, *Disathurna*.

## LESSON IV.

[*To be*, p. 46; and *is* with particles, p. 49.]

Is, *it is*.

<i>Present.</i>			<i>Past.</i>			
<i>sing.</i> {	is mi 's mi	is tu 's tu	is e, is i 's e, 's i	Bu mhi	bu tu	b'e b'i
<i>plur.</i> {	is sinn 's sinn	is sibh 's sibh	is iad 's iad	Bu sinn	bu sibh	b' iad.

A word not in *d*, *t*, is aspirated after *bu*; *b'* is used before vowels and *f* pure; as, Bu mhath e, *it was good*; b'olc e, *it was bad*; b'fhuar e, *it was cold*.

1. *Is ann* is equivalent to *it is*; as, 'S ann ùr a tha e = *it is new that it is* = *it is new*. *Bi* with *ann* denotes presence or existence; as, Tha'n t-uisg' ann = *There is rain* = *it rains*.

2. Affections of body or mind are often expressed by *bi* with

air; as likewise by *bi* with *ann*; as, Tha'n t-acras orm, *I am hungry*; tha e 's an fhiabhras, *he has fever*.

a. Ghabh, *took*, is also used; as, Ghabh e 'n daorach, *he was drunk*.

3. *Bi* with *ann* and a possessive pronoun of the gender and number of the subject, indicate profession or state; as, Tha Eobhan na 'shaor, *Evan is a joiner*; cha'n 'eil e ach na 'thràill, *he is but a slave*; cha'n 'eil innt' ach a' ghlaic, *she is but a silly woman*.

4. Personal pronouns in collocation with *is*, precede the nouns to which they refer; as, 'S e Dònnall a bhuaill mi, *it was Donald that struck me*.

## 7

Is bainne so, nach eadh?'s eadh. An eadh? Cha'n eadh idir. Tha'n t-uisge trom ann an diugh 's an dé, agus tha coltas an t-sneachd air. An tig turadh tuille? Thig; biodh faighidinn agad—thig an turadh na 'am fhéin. Is ann na 'chlachair a tha Iain do mhac—nach ann? Is ann; ach 's ann na 'shaor a tha Dùghall. Tha bean a' chìobair na 'searbhanta mhath—nach 'eil? Thà i. Nach 'eil Aonghus na 'sgalaig mhath? Cha bhithinn 'am sgalaig na'm faodainn—am biodh tusa? Tha leigheas 'am fallus clachair.

## 8

Is not this wine? No, it is milk. It was fair last night, but it snows to-night. It rains heavily. It is always fair in the Highlands. Will rain never come? Have patience—it will come in its own time. Is your son a tailor? No—my son is a smith. The smith's wife is a good servant. I would not be a tailor, if I could at all—would you? No—but if I were big, I would be a soldier. I am hungry and thirsty, and dinner is not ready. He died of the small-pox. It was his brother that had the fever—was it not?

## MEETING SOMEBODY.

How do you do?  
Quite well, thank you.  
How are they at home?  
Where are you going to-day?  
To do some shopping.  
What a beautiful day!  
Charming!  
Good day.  
Hope to see you well.

Ciamar 'thà thu?  
Gu gasda, gu'n robh math agaibh.  
Ciamar a tha iad agaibh?  
Ceana 'thog thu ort an diugh?  
Do'n bhùth.  
Nach briagha 'n latha 'th'ann!  
Ciatach!  
Latha math leat.  
D'fhaicinn slàn.

## LESSON V.

[Prepositional pronouns, p. 58.]

1. Some preposition-verbs take two objects; as, *Thoir bainne do'n mheann, give milk to the kid.*

*a.* The preposition is retained in the passive voice; as, *Thugadh bainne do'n mheann, milk was given to the kid.*

*b.* When the object is a personal pronoun in English, use the prepositional pronoun in Gaelic; as, *Give me a drink, thoir dhomh deoch.*

2. Passive verbs take *le*; impersonals take *do*, and sometimes *gu*; as, *Togar a'chlach leis, the stone shall be lifted by him*; *thuit do'n turadh a bhi ann; it happened to be fair*; *thuit gu'n deach i null, it happened that she went over.*

## 9

Thug e bhuamsa am fearann agus thug e dhaibhsan e. Bheirear dhutsa duais fhathast. Thogainn fonn air lorg an fhéidh. Sìn, 'Oisein, do ruighe do'n triath. Thug Ullin do'n triath am fonn. Is tu a thilg a' chlach air a' chaisteal. Cha togar leam fonn, cha'n éirich e leam. Thuit nach robh bonn a stigh agam 's an àm. Thuit gu'n d'fhuair e 'ghaol a'bròn, làn ri còmhla mhòir nan sgiath. Leagadh an damh leis, agus mharbhadh an earba leis. Sid agaibh mar 'dh'éirich dhòmhsa. Thoir onoir do d' athair agus do d' mhàthair.

## 10

They took the gun from *them*, and gave it to *me*. Your reward was given to you before. He could keep the dog from him. Ossian, give to the hero a lay. Ullin stretched his arm to the hoary-haired. You have cast a stone at our house. The song shall not be raised by me. It happened that it was raining. I happened to have a few pence in the house at the time. The tree was felled by him. The stag was killed by the dog. That is how it happened to me. Honour and love thy father and thy mother. A hat and a cloak were given to us.

## THE WEATHER.

How is the weather?

It looks like rain.

Is it going to clear up, do you think?

Dé 'n t-side 'th'ann?	Dé 'n t-side 'th'ann?
Tha coltas an uisg' air	Tha coltas an uisg' air
Saoil thu'n tog e?	Saoil thu'n tog e?



No—it is pouring.  
 Take your plaid and umbrella.  
 Which way is the wind ?  
 South-west.  
 It looks like fair weather.  
 When is St. Swithiu's day ?

Cha tog—tha'n dil' ann.  
 Thoir leat do bhreacan's do bhothan.  
 Co as 'tha 'ghaoth ?  
 Niar-dheas.  
 Tha coltas an turaidh air.  
 Cuine 'thig latha Mhàrtuinn-builg ?

## LESSON VI.

[Auxiliaries, p. 41 ; irregular verbs—principal parts, p. 41.]

1. Verbs of motion govern the infinitive ; as, Tiugainn a bhuaibh, *come to reap*.

a. A bhi, *to be*, is governed by any verb.

2. Preposition-verbs, auxiliaries, impersonals, composite verbs, and adjectives of willingness or unwillingness, take for object an infinitive phrase ; as, Tòisich air do leasan ionnsachadh, *begin to learn your lesson*.

a. When the object is a verb-noun, the infinitive is not expressed ; as, Faodaidh tu falbh (*a dhianamh*), *you may go*.

b. A, the sign of the infinitive, is not expressed when the verb-noun begins with a *vowel* or *f pure* ; as, Tha eagal orm innseadh dhut gu'n d'fhàinig e, *I am afraid to tell you that he has come*.

3. Adjectives of profit or disprofit take *aig*, *air*, *am*, &c., as the case may be, before the infinitive phrase ; as, Tha thu math air an ràmh (*iomairt*), *you are good at the oar*.

a. *Brath*, *gu*, *gus*, *los*, *air ti*, *an impis*, *an comhair*, &c., express purpose or intention before the infinitive ; as, Am beil thu brath a pòsadh ? *do you mean to marry her ?*

4. A descriptive verb-noun definite is often changed into an infinitive ; as, Cas a shiubhal an fhirich, for *cas siubhail fìrich—a foot to wander the wilds*.

a. The verb *is*, in such cases, is often understood.

## 11

Tha na saighdearan a' dol do'n champ a dh-fhaotainn buadhach. Tiugainn do'n bhuaibh a bhleoghann cruaidh-ghuaillinn. Chaidh Fionn do'n bheinn a shealg. An deachaidh iad a thrusadh nam mult dubh-cheannach ? Faodaidh tu nise 'bhi 'dol dachaidh. Féumar a bhi tapaidh. Is còir dhut éirigh [*a dhianamh*] moch 's a' mhaduinn. Tha e toileach gu leòir a pòsadh [*a dhianamh*]. Theab an clachair tuiteam [*fhaotainn*]. Tha e math air a'ghunna

[*laimhseachadh*], ach tha e ro throm air an òl [*a ghabhail*]. 'S esan, ma tà, cas a shiubhal na frithe, agus calpa cruinn an t-siubhail éutruim. Tha'n tigh gu tuiteam [*fhaotainn*]. Bha sinn an impis géilleadh [*a thoirt seachad do*]. Tha sgàth orm innseadh dhut.

## 12

The soldiers went to fight against the Prince. Come to see the lambs. Finn did not go that day to the hill to hunt. They went to gather the white-faced ewes. She may be going to town now. We must be clever. You should go to bed early, and rise early in the morning. She was quite willing to marry him. The boy nearly fell. He is not a good shot. They are addicted to drink. He is good at travelling the wilds. The house was about to fall. We had almost yielded. I am not afraid to tell you.

## ASKING ONE'S NAME, &amp;c.

What's your name ?	C'ainm a th' ort ?
How old are you ?	Dé'n aois a tha thu ?
I am twelve.	Dà bhliadhn' diag.
Are you older than your brother ?	An sin' thu na do bhràthair ?
Yes, by three years.	'S eadh—tha trì bliadhn' agam air.
Do you know English ?	Am beil Béurl' agad ?
A few words.	Beagan.
Are you not at school ?	Nach 'eil thu 's an sgoil ?

## LESSON VII.

[Declensions, pp. 33-4 ; and Regular Verbs, p. 48.]

## THE RELATIVE.

A, *who, which, that*.

Nach, *who not, which not, that not*.

Na, *what*, includes the relative and the antecedent.

1. After a preposition *a* becomes—

*i. am* before *b-, f-, m-, p-* ; as, An tigh anns *am* beil mi, *the house in which I am*.

*ii. an* before the other letters ; as, An t-àit' anns an robh e, *the place where he was*.

2. The preposition either precedes the relative, or is placed at the end of the sentence ; as, Am fear *air* am beil sibh a'

bruidhinn, or tha sibh a' bruidhinn air, *the man of whom you speak.*

*a.* When a pronoun referring to the antecedent is contained in the relative clause, the preposition frequently precedes that pronoun; as, Am fear a bha am bàt' aig' againn; *the man whose boat we had.*

3. The relatives *a, na,* govern the relative form of the future indicative; as, Am fear a 's fhèarr a chuireas 's e 's fhèarr a bhuaineas, *the man that reaps best is he that sows best.*

*a.* Abair, dian, faic, faigh, rach, thig, thoir, want the relative form.

4. To prevent ambiguity when a clause intervenes between the relative and its antecedent, such nouns as the following may be introduced immediately before the relative:—Duine, bean, fear, té, boirionnach, tì, neach, urra, feadhainn, muinntir, dream, sgioba, cuideachda, tréud, ni, rud, cùis, gnìomh, gnothach, càs, tùrn, céum, &c.

## 13

Fiadh a shnàmbhas uisge. Tuagh leis am buainear slat. So am fear a thug an cat thair an allt. Sin an neas a thug leatha an t-ian; ach sid an t-ian a thug leis an neas. Chunnaic mi an cìobair a fhuair thu a chù air chall. Sid am brocair bho'n d'fhuair thu 'n cù-luirge. Co 'thachair orm an diugh, ach am fear a thug dhuinn an t-each. An e am fear a fhuair sinn an làir bhàn bho 'bhràthair? Cha'n è; ach am fear a cheannaich sinn a bhó ruadh bho 'mhac. Chunnaic mi Ullin a b' aosda ciabh, triath nach robh faoin 's a' chatl.

## 14

This is the lad who stole the cat that killed the rat. The smith repaired the axe which the lad broke. Is that the gun which wounded the stag? I met the shepherd from whom we bought the lambs. The foxhunter to whom we sold the dog is dead. This is the man in whose house we were last year. That is the bridge across which we went before. I met the man from whose brother we bought the horse. Is not that the man in whose house we were last week?

## THE TIME.

What o'clock is it ?	Dé 'n uair a tha e ?
Eleven o'clock.	Aon uair diag.
My watch has stopped.	Tha m' uaireadair-s' air stad.
It is too fast.	Tha e ro luath.
It is too slow by nine minutes.	Tha e naoi mineidean air dheireadh.
Five minutes to ten.	Mar chóig mineidean de dheich.
A quarter, twenty minutes, half-past four.	Ceithreamh, fichead mineid, leth-uair an deaghaidh ceithir.

## LESSON VIII.

[First declension Table II, p. 34 ; regular verb with particles, p. 48.]

## INTERROGATIVES.

## i.

## PRONOMINAL.

Who ? <i>Co ?</i>	What is ?	$\left\{ \begin{array}{l} \text{ciod è ?} \\ \text{(gu dé ?} \\ \text{dé ?)} \end{array} \right.$	Which of them ?	$\left\{ \begin{array}{l} \text{cò aca ?} \\ \text{cò dhiubh ?} \end{array} \right.$	
Which ? <i>cia ? co ?</i>					
What ? <i>ciod (gu dé ? 'dé ?)</i>					
Whether ?	$\left\{ \begin{array}{l} \text{co dhiù ?} \\ \text{ciù, c'ù ?} \\ \text{co aca ?} \end{array} \right.$	Whose ?	$\left\{ \begin{array}{l} \text{co leis ?} \\ \text{cò leis an leis ?} \end{array} \right.$	How much, or	$\left\{ \begin{array}{l} \text{co lian ?} \\ \text{co miad ?} \\ \text{de urad ?} \end{array} \right.$
				How many ?	
				How much ?	

## ii.

## VERBAL.

am, an ?—am ? *is ? an, is, arc ? nach ? am, is, arc not ?*

1. Interrogatives come first.

2. The verb *is* is not expressed with *co ? cia ? ciod ?* as, *Co è—not co is e, who is he ?* The noun following takes the article ; as, *Co am fear ? what man ?* With other verbs the relative is expressed or understood ; as, *Co 'tha 'g ràdh ? who says so ?*

3. *Co, cia, ciod,* are used as pronominal adjectives ; as, *Tha 'fhios agam co i, I know who she is.*

4. *Is mine, &c.,* is translated by *is* with *le* ; as, *Is leamsa so, this is mine.*

5. The subject is seldom expressed in answering a question, unless it is emphatical, or made by *is* ; as, *An cuala tu iad ? did you hear them ? Chuala, yes ; chuala mi, yes, I did, an tu Séumas ? Are you James ? is mi, I am.*

6. In the past subjunctive, the first person responds to a question, not emphatical, in the second and third person ; as, An rachadh tu null ? *would you go across ?* Cha rachadh— not rachainn.

## 15

Co 'tha 'n so ? Thà mise, le'r cead. U, tha 'fhios agam co thusa. Co as a thàinig thu 'n dràsta ? Bho'n tigh. Am beil d' athair aig an tigh ? Thà ; tha e na 'thàmh an diugh. Am beil do mhàthair na 'slàinte ? Tha i gu math, gu'n robh math agaibh. Co miad bliadhn' a tha thu ? Am beil Béurl' agad. Cha'n 'eil facal. Carson nach 'eil thu 's an sgoil ? Tha'n cluith againn. Ceana 'tha thu 'dol ? Leis a' chù. Co leis e ? 'S leam fhein e. Nach ann ann a tha'n latha 'briagha ? Ciatach ! Cuine 'bhios a' bhuaibh ann ? Cha'n fhada gu sin ma leanas an t-sìde so.

## 16

Is this you, Mary ? Yes ma'am. What have you got to-day—milk, or fresh butter ? Is your mother quite well ? She is quite well, thank you. Is she working to-day ? No, ma'am. You know English, do you not ? Not a word. How old are you ? When do you go to school ? To-morrow. Whose dog is that ? My brother's. When will you come again ? The day after to-morrow. Why did you not put on your shoes, you have a cold ? Are you hungry ? No, ma'am ; but I am thirsty. Have a piece of bread and cheese ? Thank you very much. Be sure to come early—at half-past six. Will you remember that ? Yes, ma'am. Good day.

## EATING.

Are you hungry ?  
I am starving.  
I have just eaten.  
Give us something to eat.  
What will you have ?  
Allow me to offer you.  
Thanks.  
Water, please.  
I beg your pardon ?  
I beg your pardon.

Am beil an t-acras ort ?  
Tha mi gu fannachadh.  
Tha mi dìreach an deaghaidh sgur.  
Thoir dhuinn blasad bidh.  
Dé 'bhios bhuaibh ?  
Dé 'bhios agad ? an gabh thu— ?  
Tapadh leibh.  
Uisge, ma's e ur toil e.  
Dé b' àill leibh ?  
Tha mi 'g iarraidh mathanais.

## LESSON IX.

[Revise *To be*, p. 46, and regular verb with particles, p. 48.]

## DISTRIBUTIVES.

Each, <i>gach</i> ,	all, <i>uile</i> ,	other, <i>eile</i> , any	} <i>air bith</i> } <i>sa bith</i>
Many, <i>ioma</i> ,	some, <i>eigin</i> ,		
Some one,	} <i>fear</i> } <i>te</i> , no, } <i>eigin</i> . } <i>cuid</i>	anything,	} <i>dad</i> } <i>eile</i> } <i>tuille</i>
Some person, or		anything else	
Somebody,		anything more,	
Whoever,	} <i>co</i> , } <i>sa bith</i> . } <i>cia</i> , } <i>air bith</i> . } <i>ciod</i>	whoever,	} <i>fear</i> } <i>té</i> } <i>duine</i> } <i>gin</i> } <i>dad</i>
Whichever,		whichever,	
Whatever,			

1. *Gach*, *ioma*, *a h-uile* precede their nouns; *eile*, *eigin*, *sa bith*, follow them; as, *Gach tigh*, *each house*; *gloin' eile*, *another glass*.

a. *Gach*, *ioma*, and *a-huile*, qualify nouns singular only.

2. A pronoun referring to a noun qualified by *gach*, *ioma*, *a h-uile*, is in the singular unless it conveys a plurality of ideas; as, *Gach fear 's a chladheamh na 'dhòrn*, *each man with his sword in his hand*.

## 17

*Thig a stigh 's gheabh thu rud eigin, dh' fhalbh càch. Tha cuid eigin a' tighinn. Na caraich thusa, co sa bith a th' ann. Cha'n 'eil gin a' tighinn. Bha gach fear 'us té dhiubh na'n tàmh an dé. Is còir dhut fear eigin a phòsadh. Nach 'eil dad sa bith tuille agad ri ràdh? Cìù fear a bhios agad? Cha bhi gin idir dhiubh. Gheabh thu fear sa bith dhiubh. Na buailibh a chéile, a chlann? Léum gach fear air bàrr a shleagha, 's dh' fhàg iad Mac-Reithe 's a' Chaol. Thill iad dhachaidh còmhla.*

## 18

I got nothing from him. Who said that? Nobody. Whoever said so, it is not true. Will none of you do this? Which of these do you want? I want them both. Will you buy none at all of them? I do not want any of them. I would take any one of the girls. Give her a penny—she has none. They went off together, and both died. Every one (*f.*) got her share. Some say they did, others say not. Some of the men stood, others fled, the rest were killed.

## DRINKING.

Pull the bell.	Tarrainn (no buail) an clag.
A bottle of whisky.	Botul uisge-bheatha.
Fill the glass.	Lìon a' ghloine.
Your health.	Air do shlàinte, —sid ort.
Cap it off.	Sgob as e.
Round with it.	Mu'n cuairt e.
Bread and cheese.	Aran 'us càise.
Half-mutchkin, a gill.	Leth-bhodach, gearra-bhodach.

## LESSON X.

[*Abair and Beir* with particles, p. 50.]

## CARDINAL NUMBERS.

1. a h-aon <i>or</i> aon	18. a h-ochd-diag
2. a dhà ,, da	19. a naoi-diag
3. a trì ,, trì	20. a fichead
4. a ceithir ,, ceithir	21. a h-aon air fhichead
5. a cóig ,, cóig	22. a dhà air fhichead
6. a sia ,, sia	23. a trì air fhichead
7. a seachd ,, seachd	40. dà fhichead
8. a h-ochd ,, ochd	41. dà fhichead 's a h-aon
9. a naoi ,, naoi	60. trì fichead
10. a deich ,, deich	61. trì fichead 's a h-aon
11. a h-aon-diag	80. ceithir fichead
12. a dhà-dhiag	81. ceithir fichead 's a h-aon
13. a trì diag	100. ciad
14. a ceithir-diag	101. ciad 's a h-aon
15. a cóig-diag	200. dà chiad
16. a sia-diag	1000. mìle
17. a seachd-diag	1000000. muillein.

## ORDINAL NUMBERS.

1st an ciad fear	a' chiad bhean
2nd an dara fear	an dara bean
3rd an treas fear	an treas bean
4th an ceathramh fear	an ceathramh bean
5th an còigeamh fear	an còigeamh bean
6th an siathamh fear	an siathamh bean
7th an seachdamh fear	an seachdamh bean
8th an t-ochamh fear	an t-ochdamh bean
9th an naoidheamh fear	an naoidheamh bean
10th an deicheamh fear	an deicheamh bean
11th an t-aona fear diag	an aon bhean diag
20th am ficheadamh fear	an fhicheadamh bean
21st an t-aona fear fichead	an aona bhean fhichead
22nd an dara fear fichead	an dara bean fhichead
40th an dà fhicheadamh fear	an dà fhicheadamh bean
100th an ciadamh fear	an ciadamh bean.

## COLLECTIVE NUMERALS.

dìthis, <i>two persons.</i>	}	seachdar	{ <i>seven persons.</i>
trìuir, <i>three persons.</i>		seachdnar	
ceathrar, <i>four persons.</i>		ochdar	{ <i>eight persons.</i>
cóignear } <i>five persons.</i>		ochdnar	
cóigear }		naoinear, <i>nine persons.</i>	
sianar } <i>six persons.</i>		deichear, }	{ <i>ten persons.</i>
sèanar }		deichnar, }	

They take an adjective plural, and also govern the genitive plural.

## 1. Numerals precede their nouns.

*a.* *Diag* follows the noun and is plain after ordinals and nouns in *-n, -a, -e, or -bh*; as, An cóigeamh latha diag, *the fifteenth day*; trì uain diag, *thirteen lambs.*

*b.* The numeral follows names of sovereigns; as, Rìgh Séumas a h-ochd, *King James VIII.*

2. *Dà, fichead, mìle, muillein,* are used with nouns singular only; as, *Dà mhac, two sons.*

*a.* *Ciad, mìle, bolla, latha, sgillinn,* are used in the singular with numerals; as, *Ceithir chiad, four hundred.*

*b.* *Latha* is found in the plural; as, *Cóig làithean, five days.*

3. *Aon, da, an ciad, or a' chiad,* aspirate their nouns; as, *Aon fhear, one man*; *Ceithir* aspirates *ciad*, a hundred.

*a.* A noun in *d-, t-, s-*, is plain after *aon*; as, *Aon dàn, one poem.*

4. *Dà* governs the dative; as, *Dà chire, two hens.*

*a.* An adjective following such noun is in the nominative singular feminine; as, *Dà chire bhreac, two speckled hens.*

*b.* In poetry it is found also in the plural; as, *Dà chire mhóra, two large hens.*

*c.* After a preposition the adjective is in the dative; as, *Le dà chire mhóir, with two large hens*; *do dhà chù ghlas, to two grey dogs.*

*d.* A noun indefinite preceded by any numeral between *trì* and *deich*, inclusive, is in the genitive plural plain; as, *Fiar sheachd damh, grazing for seven oxen.*

*a.* The numeral without the article is aspirated; when used absolutely it is *plain*; as, *Leth-uair an deaghaidh sia, Half-past six.*

Tha seachd latha 's an t-seachdain, dà sheachdain 's a' cheithir-la-diag, dà cheithir-la-diag anns a' mhìos, trì mìosan 's an ràidhe, agus ceithir ràidhean no dà mhìos dhiag anns a' bhliadhna. Tha fiar cheithir mart 'us dà each agam. Léugh an t-ochdamh caibideal diag, a' tòiseachadh leis an



t-siathamh rann diag. So dhut dà chirc agus dà chuaich. Lion an dà chuaich ùr sin, agus cuir fìon anns an dà chuaich bhig so. So an ciad fhear, ach sid am ficheadamh fear.

## 20

There are twelve months or four quarters in the year; three months in the quarter; two weeks or a fortnight in the month, and seven days in the week. I have grazing for twenty sheep, and four horses; but she has grazing for forty cows and seven horses. These two hens are speckled. Give seed to the other two. Fill this glass with water and those two cups with wine. This is the third man, but that is the fifth. Read the thirtieth verse of the nineteenth chapter.

## FISHING.

Where is my fishing rod ?  
Give me a fly, a hook.  
Are they taking ?  
I took a salmon.  
I got a nibble.  
Try the bait.  
Good sport ?  
Two salmon and a grilse.

Cait am beil mo-shlat-iasgaich ?  
Thoir dhomh cuileag, dubhan.  
Am beil gabhail orra ?  
Fhuair mi bradan.  
Fhuair mi sgobadh.  
Fiach am biathainne.  
An d' fhuair sibh a' bheag ?  
Da bhradan 'us bànaig.

## LESSON XI.

[Irregular adjectives and comparatives, p. 37-8; *Cluinn, Dian*, p. 50-1, with particles.]

## COMPARISON OF ADJECTIVES.

1. Adjectives have three inflexions expressive of comparison—the *first* Comparative, the *second* Comparative, the *third* Comparative.

2. The *first* is like the gen. sing. feminine; the *second* adds *id* to the first; and the *third* adds *ad*; as, Bànaig, *fair*; 1st *bàine*; 2nd *bàinid*; 3rd *bàinead*.

a. These comparatives are uninflected nouns feminine.

3. The *first* comparative is used with *is* and *bi*:—

a. With *is* it takes *na*, than; as, Is *gile sneachd na gual*, *snow is whiter than coal*.

b. With *bi* it has *na's* or *na bu* before it and *na* after it; as, Tha Séumas *na's sine na Eóbhan*, *James is older than Evan*; bha'n dé na b'fhaide na 'n diugh, *yesterday was longer than to day*.

c. With *a* is it takes *de*, as also *aig*, *ann*, after it, when it is equivalent to the English superlative ; as, 'S i Ceit a's òige de'n teaghlach, *Kate is the youngest of the family* ; is tus' a's sine 'th 'aca, *you are the oldest they have* ; 's e an t-òr a's truime 'th' ann, *gold is the heaviest (metal) that is*.

4. The *second* comparative is used with *is* ; as, Is truimid e sid, *it is the heavier of that*.

5. The *third* comparative is used after the verb *rach*, *go*, and frequently after the preposition *air* ; as, Tha 'mhin a' dol 'an daoiread, *meal is getting dearer* ; is ann air a daoiread, *it is rather*. We can also say—tha 'mhin a' dol, a' fàs, a' cinntinn na's daoire.

a. After the verb *cuir* ; as, Ga 'chur 'an laghad, *lessening it*.

6. *Fìor*, *gle*, *ro*, and such like, are expressed only before the first of two or more adjectives ; as, Duine ro chòir, fialaidh, furanach, pàirteach.

#### EXAMPLES.

<i>Positive.</i>	<i>1st Comparative.</i>	<i>2nd Comparative.</i>	<i>3rd Comparative.</i>
1. bàin, <i>white</i>	bàine	bàimid	bàinead
2. réith, <i>smooth</i>	réithe	réithid	réithead
3. dall, <i>blind</i>	doille	doillid	doillead
4. trom, <i>heavy</i>	truime	truimid	truimead
5. breac, <i>speckled</i>	brice	bricid	bricead
6. deas, <i>ready</i>	deise	deisid	deisead
